

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd


Press Release



Please scroll down for English Version

01/02/2017

Bòrd na Gàidhlig a' Foillseachadh Stiùireadh airson Foghlam Gàidhlig



Dh'fhoillsich Bòrd na Gàidhlig Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig an-diugh. Tha an Stiùireadh a' dèanamh tuilleadh mìneachaидh air na cumhachan Gàidhlig a gheibhearr ann an Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016, agus airson a' chiad uair riamh tha e a' sealltainn gu soilleir dè bu chòir do phàrantan a bhith sùileachadh airson an cuid chloinne ma tha iad ann am foghlam Gàidhlig.

Thatnar a' foillseachadh an Stiùiridh aig àm nuair a tha cumhachdan ùra gan cur an gniomh a tha a' neartachadh nan còraichean aig pàrantan a tha airson foghlam tron Ghàidhlig iarraidh airson an cuid chloinne.

A' cur fàilte air an Stiùireadh Reachdail, thuirt Leas-Phrìomh Mhinistear na h-Alba, Mgr Iain Swinney: "Tha mi a' cur fàilte air an Stiùireadh seo airson Foghlam Gàidhlig a tha air fhoillseachadh le Bòrd na Gàidhlig. Seo a' chiad turas riamh a tha Stiùireadh den t-seòrsa seo air a bhith ann airson Foghlam Gàidhlig, a tha a' cur an cèill dè bu chòir do dh'ùghdarrasan a bhith libhrigeadh agus dè bu chòir do phàrantan a bhith sùileachadh airson an cuid chloinne nuair a thig e gu foghlam Gàidhlig. Bidh an Stiùireadh seo glè fheumail don iomairt gus leudachadh a thoirt air foghlam Gàidhlig san ùine air thoiseach agus bu mhath leam a-nis gun cleachdadh gach neach no buidheann le com-pàirt ann am foghlam Gàidhlig an Stiùireadh seo, thoradh ma nì iad sin nithear adhartas math ann a bhith cur foghlam na Gàidhlig air adhart ann an Alba agus ann a bhith toirt taic dha."

Thuirt Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig, Ailean Dòmhnaillach: "Tha an Stiùireadh seo airson Foghlam Gàidhlig na chloich-mhìle glè chudromach airson foghlam Gàidhlig. Tha e a' mìneachadh gu soilleir dè bu chòir do phàrantan is luchd-cùram a bhith sùileachadh bhon fhoghlam sin agus tha e a' stèidheachadh gu h-oifigeil dè na dleastanasan a th' air Ùghdarrasan ionadail. Tha e cuideachd a' sealltainn gu soilleir dè bu chòir do dhaoine a bhith sùileachadh bho dhiofar irean de dh'foghlam Gàidhlig bho na tràth-bhliadhnaichean suas gu ìre na h-àrd-sgoile. Tha an t-iarrtas airson foghlam Gàidhlig a' sior dhol am meud ann an Alba, agus nì an Stiùireadh feum mòr ann a bhith neartachadh na roinne seo. Bha sinn fior thoilichte leis na freagairtean a fhuair sinn sa cho-chomhairleachadh, agus bu mhath leinn taing a thoirt do na daoine a chuir ùine seachad a' freagairt nan ceistean air reachdas a tha dha-rìribh cudromach."

Thuirt an Dr Bill Maxwell, Àrd Neach-sgrùdaidh na Banrigh airson Foghlam aig Foghlam Alba: "Tha e air a bhith na thoileachas do dh'Fhoghlam Alba a bhith ag obair còmhla ri ar luchd-compàirt gus a' Ghàidhlig a thoirt air adhart ann am foghlam na h-Alba. Tha an Stiùireadh reachdail ùr seo a' togail air fiosrachadh is molaidhean bhon obair sgrùdaidh againn agus bhon sgrìobhainn againn, 'Comhairle mu Foghlam Gàidhlig'. Tha a h-uile càil a tha sin còmhla na cheum air adhart ann a bhith toirt foghlam sàr-mhath do chloinn is daoine òga ann am Foghlam Gàidhlig. Gus am foghlam sàr-mhath sin a libhrigeadh, feumaidh luchd-stiùiridh aig gach ìre ann am foghlam làirsinn soilleir a nochdadh agus feumaidh àrd-amasan a bhith aca ann a bhith comharrachadh nam prìomhachasan a nì diofar don Ghàidhlig."

Thuirt Comann nam Pàrant: "Tha taic bho phàrantan is mar a bhios iad ag iomairt airson agus às leth foghlam tron Ghàidhlig riamh air a bhith cudromach. Tha an reachdas seo, air a bheil Comann nam Pàrant a' cur fàilte, a' dol a neartachadh guth nam pàrant agus bheir e taic do na nì teaghlaichean às leth an cuid chloinne agus às leth na Gàidhlig. Tha Comann nam Pàrant a' coimhead air adhart ri bhith ag obair còmhla ri Bòrd na Gàidhlig agus sinn a' toirt taic do dh'ùghdarrasan ionadail gus an urrainn dhaibh modhan-obrach a chur an sàs a leigeas leotha na dleastanasan aca fon Stiùireadh nàiseanta seo a choileanadh, gu h-àraidh a thaobh a bhith cur FtG air adhart agus a' toirt taic dha aig gach ìre."

Chaidh an Stiùireadh Reachdail ullachadh le Bòrd na Gàidhlig mar a thathar ag iarraidh fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016, agus san Stiùireadh gheibhearr tuilleadh mìneachaidh air na

cumhachan Gàidhlig san Achd agus stiùireadh air mar a bu chòir do dh'fhoghlaam Gàidhlig a bhith air a lìbhrigeadh ann an sgoiltean ann an Alba.

[DEIREADH]

Bòrd na Gàidhlig


Brath Naidheachd

Press Release



01/02/2017

Bòrd na Gàidhlig Publishes Guidance on Gaelic Education



Bòrd na Gàidhlig has today published Statutory Guidance on Gaelic Education. The Guidance offers clarification to the Gaelic provisions in the 2016 Education (Scotland) Act and, for the first time, sets out clearly what parents can expect for their children in Gaelic education.

The Guidance coincides with the launch of new powers which strengthen the rights of parents who request Gaelic medium education for their children.

Welcoming the Statutory Guidance, Deputy First Minister, Mr John Swinney said: "I welcome the publication of this Guidance on Gaelic Education by Bòrd na Gàidhlig. This Guidance is a first for Gaelic education, setting out what authorities are expected to deliver and what parents can expect to receive for their children. This Guidance will be valuable for the future growth of Gaelic education and I would now like to see all key interests using this Guidance and thereby making good progress with promoting and supporting Gaelic education in Scotland."

Bòrd na Gàidhlig Cathraiche (Chair), Allan MacDonald said: "The creation of the Statutory Guidance on Gaelic education is a critical milestone for Gaelic education. It makes clear what parents and carers can expect as well as setting out formally the responsibilities of Local Authorities. It also establishes clear expectations on a range of elements of Gaelic education from early years through to secondary education. Demand for Gaelic education is ever growing across Scotland, and in order to further strengthen this sector this Guidance will be crucial. We were delighted with the responses obtained through the public consultation process, and would like to thank those that took time to respond to the questions on this extremely important piece of legislation."

Dr Bill Maxwell, Chief Inspector of Education at Education Scotland said: "Education Scotland has been pleased to work with our partners on the successes of Gaelic within Scottish education. This new statutory Guidance draws on key messages from inspection and our publication, 'Advice on Gaelic Education'. Taken together, this presents a new stage of development in achieving high-quality learning experiences for children and young people in Gaelic Education. To achieve this, leaders at all levels in education need to have a strong focus and high expectations in identifying priorities to make a difference to Gaelic."

Comann nam Pàrant said: "Parental engagement and parental commitment have always been strong features of Gaelic medium education. This legislation, which is welcomed by Comann nam Pàrant, will strengthen our parental voice and help support families' endeavours on behalf of their children and the Gaelic language. Comann nam Pàrant looks forward to working with Bòrd na Gàidhlig in supporting local authorities to put in place measures that will fulfil their obligations under the National Guidance, particularly with regard to promotion and support for GME at all stages."

The Statutory Guidance has been prepared by Bòrd na Gàidhlig as required by the Education (Scotland) Act 2016, and offers further explanation to the Gaelic provisions in the Act and more generally on how Gaelic education should be delivered in Scottish schools.

[END]